

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Seanfhaclan na mara

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,260. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 956 corresponds to Litir 1,260. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

An t-seachdain sa chaidh, thug mi iomradh air an t-seann mharaiche, Seòras MacLeòid nach maireann – Seòras Chalum Sheòrais à Beàrnaraigh Leòdhais. Bha Seòras na iasgair agus bha e làn eòlais agus beul-aithris ionadail. Tha a dhìleab beò fhathast anns an leabhar *Muir is Tìr*.

Tha sreath sheanfhaclan aige mu eathraichean, aimsir, an tìde-mhara is mar sin air adhart, agus tha aon seanfhacal a' buntainn riumsa gu mòr am-bliadhna. *Am fear a ghleidheas long, gheibh e là gu seòladh. The man who keeps his ship, or boat, he'll get one day to sail her.* Am fear a ghleidheas long, gheibh e là gu seòladh. Carson a tha an seanfhacal sin a' buntainn riumsa?

Uill, tha mi fortanach gu leòr 's gu bheil gheat agam. Tha i beag, sean is gun a bhith spaideil. Ach tha e a' còrdadh riumsa gu mòr a bhith a' falbh innte do na h-uisgeachan eadar Cnòideart is Toirbheartan, Ciseorn agus an t-Eilean Sgitheanach. 'S e sgìre àlainn a th' innte airson a bhith a' seòladh. 'S iomadh acarsaid bhrèagha a th' ann, tha na seallaidhean àlainn agus gu tric chì sinn leumadairean agus peileagan.

Ge-tà, am-bliadhna, tha cus rudan eile air a bhith a' dol agam, agus tha a' gheat air a bhith air tìr fad a' gheamhraidh, fad an earraich agus fad an t-samhraidh. Tha e duilich ach **sin mar a tha**.

Ach an robh mi a' beachdachadh air faighinn cuidhteas i leis nach bi mi a' seòladh innte am-bliadhna? Cha robh, gu dearbh! Mar a chanas an seanfhacal – Am fear a ghleidheas long, gheibh e là gu seòladh. Tha dùil agam seòladh innte an-ath-bhliadhna. Nam bithinn air a reic, cha bhiodh an cothrom sin agam ann.

Tha seanfhacal eile car coltach ri sin. Am fear nach glèidh airm ann an sìth, cha bhi iad aige an àm a' chogaidh. *He who does not retain his arms during peace will not have them in time of war.* Am fear nach glèidh airm ann an sìth, cha bhi iad aige an àm a' chogaidh. Bu chòir dhuinn beachdachadh, mus fhaigh sinn cuidhteas rud sam bith, am bi feum againn air anns an ùine romhainn.

Ann am *Muir is Tìr*, tha dealbh de na pàirtean de dhubhan iasgaich. Le dubhan iasgaich, tha mi a' ciallachadh *fishing hook*. 'S e am pìos dham bithear a' ceangal an t-snòid an *spòg*. Ann am Beurla 's e sin an *spade end*. Gu tric an-diugh, bidh *sùil* no *eye* ann.

'S e am pìos fada an *calpa*. Ann am Beurla, *shank*. An uair sin am *bend*. Ann an Gàidhlig – an *glac*. Tha dà phàirt eile ann – an *riofag* – am pìos geur a chuireas

stad air iasg bho bhith a' faighinn dheth. *Barb* ann am Beurla. *Riofag* ann an Gàidhlig. Agus mu dheireadh '*the point of the hook*'. Ann an Gàidhlig, 's e sin an gob.

Tha Seòras Chaluim Sheòrais a' toirt dhuinn seanfhacal le gob an dubhain ann. *Is corrach gob an dubhain*. Gu litreachail, tha e a' ciallachadh '*the point of the hook is precarious, insecure*'. Tha Seòras ga eadar-theangachadh mar '*the fishing life is dangerous*'. 'S e an fhìrinn a th' aige. Is corrach gob an dubhain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Beàrnaraigh Leòdhais: *Great Bernera*; a dhìleab: *his legacy*; lethbhreac: *copy*; gheat: *yacht*; dubhan iasgaich: *fishing hook*; riofag: *barb (of a hook)*.

Abairtean na Litreach: thug mi iomradh air an t-seann mharaiche: *I made mention of the old mariner*; làn eòlais agus beul-aithris ionadail: *full of local knowledge and lore*; tha sreath sheanfhaclan aige mu eathraichean, aimsir, an tìde-mhara is mar sin air adhart: *he has a series of proverbs about boats, weather, the tide and so on*; tha aon seanfhacal a' buntainn riumsa gu mòr am-bliadhna: *one proverb particularly applies to me this year*; beag, sean is gun a bhith spaideil: *small, old and not too fancy*; tha e a' còrdadh riumsa gu mòr a bhith a' falbh innte: *I really enjoy going in her*; na h-uisgeachan eadar Cnòideart is Toirbheartan, Ciseorn agus an t-Eilean Sgitheanach: *the waters between Knoydart and Torridon, Kishorn and Skye*; 's iomadh acarsaid bhrèagha a th' ann: *there are many beautiful harbours*; gu tric chì sinn leumadairean agus peileagan: *often we see dolphins and porpoises*; tha cus rudan eile air a bhith a' dol agam: *I've had too many things happening*; air tìr fad a' gheamhraidh, fad an earraich agus fad an t-samhraidh: *on land all winter, all spring and all summer*; tha dùil agam seòladh innte an-ath-bhliadhna: *I expect to sail in her next year*; nam bithinn air a reic, cha bhiodh an cothrom sin agam ann: *if I had sold her, I wouldn't have that opportunity ('ann' gives emphasis)*; am bi feum againn air anns an ùine romhainn: *will we need it in the time ahead*; 's e an fhìrinn a th' aige: *he is telling the truth*.

Puing-chànain na Litreach: an robh mi a' beachdachadh air faighinn cuidhteas i?: *was I thinking of getting rid of it? This is a useful phrase and sometimes you will hear the simple preposition 'de' employed. Here's how it works. Faigh cuidhteas e/dheth/dhith! 'get rid of it'. Bha mi a' dol a dh'fhaighinn cuidhteas e/dheth/dhith 'I was going to get rid of it'. Am faigh thu cuidhteas iad/dhiubh? 'will you get rid of them?'*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Tha e duilich ach sin mar a tha: *it's a pity but that's how it is*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA